Luibh-eòlaiche: Deagh cheist! Thogadh mi sa chreideamh Iùdhach. Tha sinn a' creidsinn gun do chruthaich Dia an saoghal nàdarra, agus gu bheil e math air sgàth sin. Tha sinn dhen bheachd gur e obair a' chinne-daonna an aire a thoirt air agus chan e a mhilleadh.	Botanist: Good question! I was brought up in the Jewish faith. We believe that God created all of the natural world, so it's good. We think that humankind's job is to look after it, not spoil it.
Balach/Nighean: Mìnich barrachd dhomh mu dheidhinn carson a tha sibh a' creidsinn ann an Dia.	Boy/Girl: Please explain some more about why you believe in God.
Luibh-eòlaiche: Thogadh mise ann an teaghlach Iùdhach. Bha creideamh glè chudromach dha mo phàrantan agus bha iad airson gun leanadh iad an cleachdadh Iùdhach agus gun toireadh iad teagasg Dhè dhan chloinn aca – mise nam measg.	Botanist: Well, I was brought up in a Jewish family. The faith was very important to my parents and they wanted to follow the Jewish tradition of passing on God's teachings to their children - including me.
Balach/Nighean: Dè tha sibh a' ciallachadh le teagasg Dhè?	Boy/Girl: What do you mean, 'God's teachings'?
Luibh-eòlaiche: Uill, bidh sinn a' leantainn na tha sgrìobhte ann an còig leabhraichean sònraichte an Torah.	Botanist: Well, we follow what is written in five special books called the Torah.
Balach/Nighean: Tha sin coltach ris a' Bhìoball.	Boy/Girl: That sounds like the Bible.
Luibh-eòlaiche: Tha. Tha an aon chòig leabhraichean aig Crìosdaidhean sa Bhìoball – san t-Seann Tiomnadh.	Botanist: Yes. Christians have the same five books in their Bible - in the Old Testament.

Balach/Nighean: A bheil Iùdhachd agus Crìosdachd coltach ri chèile?	Boy/Girl: So are there a lot of similarities between Judaism and Christianity?
Luibh-eòlaiche: Tha rudan ann a tha coltach. Tha Iùdhaich agus Crìosdaidhean a' creidsinn ann an aon Dia, agus tha spèis aca dha na sgrìobtairean. Tha iad glè eadar-dhealaichte ge-tà cuideachd. 'S dòcha gur e an diofar as motha gu bheil na h-Iùdhaich fhathast a' feitheamh gus an tig am Messiah, ach tha Crìosdaidhean a' creidsinn gur e Crìosd am Messiah. Tha daoine sna creideamhan ag aontachadh gu bheil sin eadar-dhealaichte.	Botanist: There are similarities. Jews and Christians believe in one God, and they share a respect for scriptures. There are many important differences too. Perhaps the most important is that we Jews are still awaiting the arrival of the Messiah, but Christians believe that Jesus was the Messiah. Members of our faith communities must agree to differ on that point.
Balach/Nighean: Tha tòrr fiosrachaidh an sin. Co ris a tha na sgrìobtairean agaibh coltach?	Boy/Girl: Wow, that's a lot to take in. What do your scriptures look like?
Luibh-eòlaiche: Tha lethbhreac dhen Torah againn san t-sionagag. 'S e làmh-sgrìobhainn a th' ann, air a dhèanamh air pàipear-craicinn sònraichte. Bheil thu ag iarraidh dealbh fhaicinn dheth?	Botanist: In the synagogue we have a copy of the Torah. It's a very special, hand-written parchment. Do you want to see a picture of it?
Balach/Nighean: Tha.	Boy/Girl: Yes.
Luibh-eòlaiche: Bha sinn a' bruidhinn air carson a bhios Iùdhaich a' creidsinn ann an Dia. Tha cunntas sònraichte san Torah, an Shema, ag innse mu dheidhinn. Chì agus cluinnidh tu e an seo.	Botanist: We were talking about why Jews like me believe in God. It's summed up in a special statement from the Torah, called the Shema. You can see and hear this important text here.
Balach/Nighean: OK.	Boy/Girl: OK.
Luibh-eòlaiche: Dè do bheachd air a h-uile càil a tha seo?	Botanist: What are your thoughts about all this?
Balach/Nighean: Tha e math gu bheil seann thraidiseanan agus chreideamhan gan	Boy/Girl: I think it's good that old traditions and beliefs are passed on.

toirt dhan ath ghinealach.	
Luibh-eòlaiche: Tha e a' toirt dhuinn faireachdainn gum buin sinn dha chèile.	Botanist: Yes. It gives us a sense of belonging.
Balach/Nighean: 'S toigh leamsa a bhith sa chlub òigridh.	Boy/Girl: I enjoy belonging to a youth club.
Luibh-eòlaiche: Glè mhath.	Botanist: Cool.
Balach/Nighean: Co-dhiù, ciamar a tha seo a' ceangal ris an àrainneachd?	Boy/Girl: So, anyway, how does all this tie in with the environment?
Luibh-eòlaiche: Tha sinn a' creidsinn gur e Dia a rinn an cruinne-cè gu lèir. Tha sinn a' creidsinn gun do rinn e daoine cuideachd, agus gun do chuir e sinne an urra ri bhith a' coimhead às dèidh an t-saoghail.	Botanist: We believe that God is the maker of the whole universe. We believe he made people too, and that he put us in charge of caring for the world.
Balach/Nighean: Mar sin feumaidh sibh a bhith cùramach mun t-saoghal seach gun do chruthaich Dia e. An e sin e?	Boy/Girl: So you have to treat the earth with care, because God created it. Is that it?
Luibh-eòlaiche: Tha. Tha e air àithne do dh'Iùdhaich Dia a ghràdhachadh, agus tha Dia a' toirt dhuinn an àite àlainn seo airson fuireach ann. Saoil nach bu chòir dhuinn an aire a thoirt air.	Botanist: That's right! Jews are commanded to love God, and God gave us this wonderful place to live. I really think we should look after it, don't you?
Balach/Nighean: Saoilidh mi gum bu chòir dhuinn daoine a tha a' bàsachadh leis an acras a chuideachadh seach lusan mar na seann chuilcean seo.	Boy/Girl: Well, I think we should help starving people, instead of plants like these old reeds.
Luibh-eòlaiche: Carson?	Botanist: Why's that?
Balach/Nighean: Tha mi cinnteach gu bheil daoine a' fulang barrachd na tha craobhan agus preasan.	Boy/Girl: I'm sure that people suffer more than trees and bushes.

Luibh-eòlaiche: Seach gu bheil mi a' creidsinn gun do rinn Dia daoine, beathaichean agus lusan, bidh mi tric a' smaoinichadh air ciamar a tha E a' faireachdainn nuair a bhios sinn a' truailleadh agus a' milleadh an t-saoghail nàdarra mu chuairt oirnn.	Botanist: As I believe that God made people, animals and plants, I've often wondered how he feels about it when we pollute and spoil the natural world around us.
Balach/Nighean: Saoil ciamar a tha Dia a' faireachdainn mu dheidhinn?	Boy/Girl: So, how do you think God does feel about it?
Luibh-eòlaiche: Chan eil fhios 'am. Tha dìreach fios 'am gu bheil e cudromach gum bi sinn beò ann an dòigh mhath, chùramach – agus tha sin a' gabhail a-steach an aire a thoirt air an dachaigh a thug Dia dhuinn: an talamh.	Botanist: I don't know. All I know is that it's important we live good, responsible lives - and that includes taking care of the home God gave us: the earth.
Balach/Nighean: Ach carson a tha Dia a' leigeil leinn a' planaid a mhilleadh?	Boy/Girl: But why does God allow us to spoil the planet?
Luibh-eòlaiche: Deagh phuing! Tha a' chumhachd aig Dia airson stad a chur oirnn. Carson nach eil e a' cumail smachd oirnn mar phupaidean?	Botanist: Good point! God is certainly powerful enough to stop us, but he doesn't control us like puppets.
Balach/Nighean: Dìreach mar a thogras sinn fhèin, eh?	Boy/Girl: No strings attached, eh?
Luibh-eòlaiche: Dìreach!	Botanist: Exactly!
Balach/Nighean: Ceart. Chì mi bheil duine eile ann ris am bruidhinn mi.	Boy/Girl: Right. I'll see if there's anyone else to talk to now.
Luibh-eòlaiche: Thoir an aire. Beannachd leat.	Botanist: OK. Take care. Bye!

Còmhradh 1 leis an Neach-naidheachd (Muslamach)

Neach-naidheachd: Tha thu sin.	Reporter: Hello there.
Balach/Nighean: Halò. Saoil an cuidicheadh sibh mi?	Boy/Girl: Hello. Can you help me?
Neach-naidheachd: Bha mi an dòchas gun cuidicheadh tu mi. Chan eil mi math air litreachadh. Saoil an cuidicheadh tu mi?	Reporter: I was rather hoping you could help me. My spelling is awful. Can you give me a hand?
Balach/Nighean: Chan eil an litreachadh agam ro mhath, ach feuchaidh mi...	Boy/Girl: My spelling's terrible, but I'll have a go...
Neach-naidheachd: Ciamar a bhios tu a' litreachadh 'truailleadh'?	Reporter: How do you spell 'pollution'?
Balach/Nighean: Chan eil mi cinnteach. Dè tha sibh a' sgrìobhadh?	Boy/Girl: I'm not too sure. What are you writing?
Neach-naidheachd: Uill, tha e neònach a' faicinn coisiche le coimpiutair uhd an seo. Tha mi a' sgrìobhadh artaigil mun fhactaraidh cheimigeach.	Reporter: Well, I suppose it is strange, seeing a walker with a laptop out here. I'm writing an article about the nearby chemical plant.
Balach/Nighean: Carson?	Boy/Girl: Why?
Neach-naidheachd: Nach fhaca tu an Tbh no na pàipearan? Tha mòran dhaoine tinn agus tha iad a' smaoineachadh gu bheil an fhactaraidh a' truailleadh an uisge le ceimigeach cunnartach.	Reporter: Haven't you seen the TV or read the papers? A lot of local people are ill and they think it's because the chemical plant in the valley here is polluting the water with dangerous chemicals.
Balach/Nighean: A bheil sibh a' sgrìobhadh ar beachd air?	Boy/Girl: So are you writing your opinions about it?
Neach-naidheachd: 'S e neach-naidheachd rannsachail a th' annam. Bidh mi a' rannsachadh naidheachdan cudromach a bhios a'	Reporter: Sort of. I'm an investigative journalist. That means I investigate important news stories that affect people, then

toirt buaidh air daoine. Bidh mi an uair sin a' sgrìobhadh aithisg naidheachd le na gheibh mi a-mach.	write news reports on the facts I discover.
Balach/Nighean: Math fhèin! 'S e fear-brathaidh a th' annaibh ma-thà!	Boy/Girl: Cool! You're a spy, then!
Neach-naidheachd: Chan eil. Ach tha cùram orm mun t-saoghal a rinn Allah agus chan eil mi airson 's gun tèid a mhilleadh agus a phuinnseanachadh le sealbhadairean fhactaraidhean sanntach.	Reporter: No, I'm not. Well, only a bit! But seriously, I care about the world that Allah has made and I don't wish to see it spoiled and poisoned by greedy factory owners.
Balach/Nighean: Cò th' ann an Allah?	Boy/Girl: Who's Allah?
Neach-naidheachd: Deagh cheist! 'S e Muslamach a th' annam, agus tha sinn a' creidsinn gu bheil aon Dia fìor ann air a bheil Allah. Tha sinn a' creidsinn gun do chruthaich e a h-uile càil, an saoghal cuideachd.	Reporter: Good question. I'm a Muslim, and we believe that there is one true God, called Allah. We believe that he created everything, including the world.
Balach/Nighean: An e Islam an creideamh agaibh ma-thà?	Boy/Girl: So, is your religion Islam?
Neach-naidheachd: Tha sin ceart.	Reporter: Yes, that's right.
Balach/Nighean: Carson a tha Muslamaich a' creidsinn ann an Dia?	Boy/Girl: Why do Muslims believe in God?
Neach-naidheachd: Bidh daoine a' tighinn gu bhith a' creidsinn ann an Allah airson iomadh adhbhar. Nuair a bha mi nam oileanach sa cholaiste, thug cuideigin Qur'an do charaid. Thòisich e ga leughadh agus a' bruidhinn mu na bha e ag ràdh agus na tha Muslamaich a' creidsinn. Tha e annis na Mhuslim a chionn 's gu bheil e a' creidsinn ann an Allah agus san Fhàidh Muhammad.	Reporter: People come to believe in Allah for many reasons. When I was a student in college, someone gave a friend a copy of the Qur'an. He started to read it and they talked about what it said and what Muslims believe. He's now a Muslim because he believes in Allah and his Prophet Muhammad (pbuh).

Balach/Nighean: A bheil mosg mar eaglais?	Boy/Girl: Is a mosque like a church?
Neach-naidheachd: 'S e togalach gun teagamh a th' ann am mosg. 'S e àite adhradh a th' ann do Mhuslamaich. Tha e cuideachd na àite coinneachaidh do Mhuslamaich agus na àite ionnsachaidh. Bidh sinn a' dol ann a dh'ùrnaigh còmhla. Tha dealbhannan agam de mhosg. Bheil thu airson am faicinn?	Reporter: A mosque is certainly a building. It's a place of worship for Muslims. It's also a meeting place for Muslims, and a place of learning. We go there to pray together. I have some pictures of a mosque. Would you like to see them?
Balach/Nighean: Tha, mas e ar toil e.	Boy/Girl: Yes, please.
Neach-naidheachd: Bidh Muslamaich ag èisteachd ri ceannard air a bheil Imam, a bhios ag innse dhuinn mu Allah. Bidh sinn a' leughadh a' Hadith a tha a' teagasg mun Fhàidh, Muhammad (sìth gun robh dha). Bidh feadhainn cuideachd ag ionnsachadh bho shianailean Islamach air Tbh no bidh iad a' coinneachadh ann an taighean.	Reporter: Muslims listen to a leader called an Imam, who tells us about Allah. We also read the Hadith, which teaches about his Prophet, Muhammad (peace be upon him). Some also learn from Islamic Sky TV channels or go to meetings in houses.
Balach/Nighean: Am bi sibh a' dèanamh a h-uile càil a tha sin?	Boy/Girl: Do you do all those things?
Neach-naidheachd: Dh'ionnsaich mi tòrr cuideachd mu Allah le bhith a' teagasg na cloinn agam fhèin. Dhòmhsa b' e am prìomh rud a bhith a' dol dhan mhosg nuair a bha mi òg, an dèidh na sgoile agus air Disathairne.	Reporter: Most of them, yes. I've also learned a lot about Allah by teaching my own kids. I think the main thing for me was going to the mosque as a child, after school and on Saturdays, though.
Balach/Nighean: A thruaghain!	Boy/Girl: You poor thing!
Neach-naidheachd: Cha robh e ro dhona. Ach co-dhiù, tha Muslamaich a' creidsinn gu bheil Allah airson gum bi ar beatha math. Tha sinn dhen bheachd gur e na nithean seo pàirt dhen sin.	Reporter: Oh, it wasn't that bad... But anyway, Muslims believe that Allah wants us to lead a good life. Doing these things is part of it, we think.

Balach/Nighean: Agus co ris a tha sibh a’ smaoineachadh a tha Dia coltach?	Boy/Girl: Right. So what do you think God is like?
Neach-naidheachd: Uill, tha fios aig Muslamaich mu Allah oir chaidh a thaisbeanadh leis an Fhàidh Muhammad (sìth gun robh dha). Tha an dealbh-bheò seo ag innse mu dheidhinn.	Reporter: Well, Muslims know about Allah because he has been revealed through the Prophet Muhammad (pbuh). This animation tells you his story.
Balach/Nighean: Bu toigh leam sin fhaicinn.	Boy/Girl: Oh goody! I'd like to see that now.
Neach-naidheachd: Chan eil e furasta Allah a mhìneachadh do dhuine nach eil a’ creidsinn. Cha chreid mi nach biodh e na b’ fheàrr nan seallainn bhidiothan dhut de Mhuslamaich ag innse dhut iad fhèin. An còrdadh sin riut?	Reporter: Allah is not easy to explain to someone who is not a believer. I think it's best if I show you some videos of Muslims telling you themselves. Would you like to see one?
Balach/Nighean: Chòrdadh.	Boy/Girl: Sure.
Neach-naidheachd: Tha ceud ainm brèagha air Allah. Seo bhidio a tha ga mhìneachadh. A’ chiad phàirt de dhà.	Reporter: Allah has 100 beautiful names. Here's another video to explain. It's part one of two.
Balach/Nighean: Bhiodh e math sin fhaicinn	Boy/Girl: Please show me.
Neach-naidheachd: Seo an dara pàirt dhen bhidio a’ sealltainn cuid dhen cheud ainm brèagha aig Alla.	Reporter: Here's the second part of the video showing some of Allah's 100 beautiful names.
Balach/Nighean: Math dha-rìribh!	Boy/Girl: Great!
Neach-naidheachd: Ged a bhios Muslamaich ag adhradh do dh’Allah, chan urrainn fios a bhith againn air a h-uile càil mu dheidhinn. Tha sgeulachd ann a tha a’ toirt iomradh air dìomhaireachd Dhè. Bheil thu airson a cluinntinn?	Reporter: Even though we Muslims worship Allah, we cannot know everything about him. There's a story which outlines the mystery of God. Do you want to have a listen?

Balach/Nighean: Tha.	Boy/Girl: Yes.
Neach-naidheachd: Tha mi an dòchas gun do chuidich siud thu gu bhith a' tuigsinn beagan mun Dia sa bheil mi a' creidsinn. A bheil ceistean agad?	Reporter: I hope that's helped you to understand something about the God I believe in. Do you have any questions?
Balach/Nighean: A bheil Muslamaich a' creidsinn ann an Iosa?	Boy/Girl: Do Muslims believe in Jesus?
Neach-naidheachd: Tha sinn a' creidsinn gur e fàidh a bh' ann – teachdaire bho Dhia, ach nach b' e mac Dhè a bh' ann. 'S aithne dhuinn Iosa leis an ainm Arabais, am Fàidh Isa (sìth gun robh dha), agus 's e fàidh cudromach a th' ann. Ach tha sinn ag ràdh gun tàinig an taisbeanadh as làine de Allah tron Fhàidh dheireannach Muhammad (sìth gun robh dha).	Reporter: Yes, we believe he was a prophet - a messenger of God but not the Son of God. Jesus is known to us by his Arabic name, the Prophet Isa (pbuh), and is a very important Prophet. But we say the final and most complete revelation of Allah came through his final Prophet Muhammad (pbuh).
Balach/Nighean: Tha Crìosdaidhean ag ràdh gur e Iosa agus Dia an aon nì – ach chan eil sibhse?	Boy/Girl: Christians say that Jesus and God are the same - but you don't?
Neach-naidheachd: Tha sin ceart.	Reporter: That's right.
Balach/Nighean: Am bi Dia a' bruidhinn ribh?	Boy/Girl: Does God talk to you?
Neach-naidheachd: Bidh mi a' faireachdainn faisg air Dia nuair a bhios mi ag ùrnaigh. Tha e mar gu bheil E a' bruidhinn rium ann an dòigh.	Reporter: I feel close to God when I pray. That's like he's talking to me, in some ways.
Balach/Nighean: Air cuspair eile, a bheil sibh a' smaoinèachadh gu bheil Dia fiadhaich mun truailleadh cheimigeach seo?	Boy/Girl: Right. To change the subject now, do you think God gets angry about this chemical pollution?
Neach-naidheachd: Nì daoine mearachdan. Tha na daoine a tha a' truailleadh na h-aibhne le	Reporter: People make mistakes. The people who've put chemicals in the river are

ceimigean ga truailleadh, seach a bhith a' toirt an aire air cruthachadh Allah. Tha sin cinnteach.	polluting it, and not looking after Allah's creation well, that's for sure.
Balach/Nighean: Dè thachras dhaibh?	Boy/Girl: What will happen to them?
Neach-naidheachd: Tha Muslamaich a' creidsinn gun coinnich a h-uile duine ri Dia aig deireadh am beatha agus gum feum iad freagairt airson na rinn iad. Ma rinn sinn ceàrr, tha rud thugainn!	Reporter: Muslims believe that every person will have to face God at the end of his or her life and explain all their actions. If we've done wrong, we're in big trouble!
Balach/Nighean: Mar sin dh'fhaodadh e bhith dona do dhaoine a tha a' milleadh an t-saoghail nàdarra, am faodadh?	Boy/Girl: So, for people spoiling the natural world, that could be bad, could it?
Neach-naidheachd: Chanadh mòran Mhuslamach sin.	Reporter: Many Muslims would say so, yes.
Balach/Nighean: Feumaidh mi falbh a-nis, ach bha seo inntinneach. Mòran taing.	Boy/Girl: I must be off now, but this has been very interesting. Thanks.
Neach-naidheachd: Bha siud inntinneach. Beannachd leat.	Reporter: Yes, it has been interesting. Goodbye.

Còmhradh 2 leis an Neach-naidheachd (Muslamach)

Neach-naidheachd: Tha thu sin.	Reporter: Hello there.
Balach/Nighean: Halò. Saoil an cuidicheadh sibh mi?	Boy/Girl: Hello. Can you help me?
Neach-naidheachd: Bha mi an dòchas gun cuidicheadh tu mi. Chan eil mi math air litreachadh. Saoil an cuidicheadh tu mi?	Reporter: I was rather hoping you could help me. My spelling is awful. Can you give me a hand?
Balach/Nighean: Cuidichidh gun dragh sam bith.	Boy/Girl: Sure, I can help you.
Neach-naidheachd: Ciamar a bhios tu a' litreachadh 'truailleadh'?	Reporter: How do you spell 'pollution'?
Balach/Nighean: Tha dà 'l' ann. TRUAILLEADH.	Boy/Girl: Two 'p's and three 'l's.
Neach-naidheachd: Coma leat! Cleachdaidh mi dearbhair litreachaidh. Tha mi airson 's gum bi an t-artaigil mu fhactaraidh nan ceimigean ceart.	Reporter: Never mind! I'll use the spell check. I want to get this article about the chemical works just right.
Balach/Nighean: Carson a tha sibh a' sgrìobhadh sin?	Boy/Girl: Why are you writing about that?
Neach-naidheachd: Nach fhaca tu an Tbh no na pàipearan? Tha mòran dhaoine tinn agus tha iad a' smaoinichadh gu bheil an fhactaraidh a' truailleadh an uisge le ceimigean cunnartach.	Reporter: Haven't you seen the TV or read the papers? A lot of local people are ill and they think it's because the chemical plant in the valley here is polluting the water with dangerous chemicals.
Balach/Nighean: Ò! Tha mi dìreach air deoch a ghabhail às an allt!	Boy/Girl: Oh! I just had a drink from the stream!
Neach-naidheachd: Ò gu sealladh orm... Chan eil e uabhasach glic a bhith ag òl à uillt. Cha bhi fios agad dè bhios ann. Ach na gabh dragh! Cha bu chòir gun dèan am fear seo bochd thu mura h-òl thu tòrr	Reporter: Oh dear... It's generally not a good idea to drink out of streams. You never know what's floating around in them. But don't worry! This one should only make you poorly if you drink a lot of it.

dheth.	
Balach/Nighean: 'S math sin! Cuimhnichidh mi air an sin. An e sgrìobhadair a th' annaibh?	Boy/Girl: Phew! I'll remember the advice, though. Are you a writer, then?
Neach-naidheachd: 'S e neach-naidheachd rannsachail a th' annam. Bidh mi a' rannsachadh naidheachdan cudromach a bhios a' toirt buaidh air daoine. Bidh mi an uair sin a' sgrìobhadh aithisg naidheachd le na gheibh mi a-mach.	Reporter: Sort of. I'm an investigative journalist. That means I investigate important news stories that affect people, then write news reports on the facts I discover.
Balach/Nighean: Math fhèin! 'S e fear-brathaidh a th' annaibh ma-thà!	Boy/Girl: Cool! You're a spy, then!
Neach-naidheachd: Chan eil. Ach tha cùram orm mun t-saoghal a rinn Allah agus chan eil mi airson 's gun tèid a mhilleadh agus a phuinnseanachadh le sealbhadairean fhactaraidhean sanntach.	Reporter: No, I'm not. Well, only a bit! But seriously, I care about the world that Allah has made and I don't wish to see it spoiled and poisoned by greedy factory owners.
Balach/Nighean: Cò th' ann an Allah?	Boy/Girl: Who's Allah?
Neach-naidheachd: Deagh cheist! 'S e Muslamach a th' annam, agus tha sinn a' creidsinn gu bheil aon Dia fìor ann air a bheil Allah. Tha sinn a' creidsinn gun do chruthaich e a h-uile càil, an saoghal cuideachd.	Reporter: Good question. I'm a Muslim, and we believe that there is one true God, called Allah. We believe that he created everything, including the world.
Balach/Nighean: Tha sin coltach ri na tha Crìosdaidhean agus Iùdhaich a' creidsinn.	Boy/Girl: That sounds the same as what Christians and Jews believe.
Neach-naidheachd: Canar uaireannan 'muinntir an leabhair' ri na daoine againn a chionn 's gu bheil Iùdhachd, Crìosdaidheachd agus Islam uile le ceangal thar nan sgrìobtairean agus tha sinn uile a' creidsinn ann an aon Dia.	Reporter: Our peoples are sometimes called the 'people of the book', because Judaism, Christianity and Islam are all linked with the same scriptures and we all believe in one God.
Balach/Nighean: Dè na diofaran a tha eadar na	Boy/Girl: What are the differences between the

creideamhan ma-thà?	faiths, then?
Neach-naidheachd: Tha Muslamaich ag aithneachadh gur e teachdairean no fàidhean bho Dhia a bha sa h-uile duine cudromach sa Bhìoball Chrìosdail agus sa Bhìoball Iùdhach, ach dhuinne b' e am Fàidh Muhammad, sìth gun robh dha, am Fàidh deireannach a thaisbean a h-uile nì mu Allah. Tha sin sgrìobhte sa Qur'an.	Reporter: Muslims recognise that all the important people in the Jewish and Christian Bibles were messengers or prophets from God, but for us the Prophet Muhammad (pbuh) was the final Prophet who revealed all about Allah. This is written in the Qur'an.
Balach/Nighean: Ach carson a tha sibh a' creidsinn ann an Dia sa chiad àite?	Boy/Girl: But why do you believe in God in the first place?
Neach-naidheachd: Bidh daoine a' tighinn gu bhith a' creidsinn ann an Allah airson iomadh adhbhar. Nuair a bha mi nam oileanach sa cholaiste, thug cuideigin Qur'an do charaid. Thòisich e ga leughadh agus a' bruidhinn mu na bha e ag ràdh agus na tha Muslamaich a' creidsinn. Tha e anis na Mhuslim a chionn 's gu bheil e a' creidsinn ann an Allah agus san Fhàidh Muhammad.	Reporter: People come to believe in Allah for many reasons. When I was a student in college, someone gave a friend a copy of the Qur'an. He started to read it and they talked about what it said and what Muslims believe. He's now a Muslim because he believes in Allah and his Prophet Muhammad (pbuh).
Balach/Nighean: Carson eile a tha Muslamaich a' creidsinn ann an Dia?	Boy/Girl: Why else do Muslims believe in God?
Neach-naidheachd: Bidh Muslamaich ag èisteachd ri ceannard air a bheil Imam, a bhios ag innse dhuinn mu Allah. Bidh sinn a' leughadh a' Hadith a tha a' teagasg mun Fhàidh, Muhammad (sìth gun robh dha). Bidh feadhainn cuideachd ag ionnsachadh bho shianailean Islamach air Tbh no bidh iad a' coinneachadh ann an taighean.	Reporter: Muslims listen to a leader called an Imam, who tells us about Allah. We also read the Hadith, which teaches about his Prophet, Muhammad (peace be upon him). Some also learn from Islamic Sky TV channels or go to meetings in houses.
Balach/Nighean: Am bi sibh ag ùrnaigh ri Allah?	Boy/Girl: Do you pray to Allah?
Neach-naidheachd: Bithidh. Bidh mi ag ùrnaigh còig tursan	Reporter: Yes. I pray five times a day. I've also

san latha. Dh'ionnsaich mi Arabais cuideachd airson gun tèid agam air an Qur'an a leughadh.	learned the Arabic language so that I can read the Qur'an.
Balach/Nighean: Feumaidh gu bheil fios agaibh air tòrr mu Dhia, ma-thà.	Boy/Girl: So you must know a lot about God, then.
Neach-naidheachd: Uill, tha fios aig Muslamaich mu Allah oir chaidh a thaisbeanadh leis an Fhàidh Muhammad (sìth gun robh dha). Tha an dealbh-bheò seo ag innse mu dheidhinn.	Reporter: Well, Muslims know about Allah because he has been revealed through the Prophet Muhammad (pbuh). This animation tells you his story.
Balach/Nighean: Bu toigh leam sin fhaicinn.	Boy/Girl: Oh goody! I'd like to see that now.
Neach-naidheachd: Chan eil e furasta Allah a mhìneachadh do dhuine nach eil a' creidsinn. Cha chreid mi nach biodh e na b' fheàrr nan seallainn bhidiothan dhut de Mhuslamaich ag innse dhut iad fhèin. An còrdadh sin riut?	Reporter: Allah is not easy to explain to someone who is not a believer. I think it's best if I show you some videos of Muslims telling you themselves. Would you like to see one?
Balach/Nighean: Chòrdadh.	Boy/Girl: Sure.
Neach-naidheachd: Tha ceud ainm brèagha air Allah. Seo bhidio a tha ga mhìneachadh. A' chiad phàirt de dhà.	Reporter: Allah has 100 beautiful names. Here's another video to explain. It's part one of two.
Balach/Nighean: Bhiodh e math sin fhaicinn	Boy/Girl: Please show me.
Neach-naidheachd: Seo an dara pàirt dhen bhidio a' sealltainn cuid dhen cheud ainm brèagha aig Alla.	Reporter: Here's the second part of the video showing some of Allah's 100 beautiful names.
Balach/Nighean: Math dha-rìribh!	Boy/Girl: Great!
Neach-naidheachd: Ged a bhios Muslamaich ag adhradh do dh'Allah, chan urrainn fios a bhith againn air a h-uile càil mu dheidhinn.	Reporter: Even though we Muslims worship Allah, we cannot know everything about him. There's a story which outlines the

Tha sgeulachd ann a tha a' toirt iomradh air dìomhaireachd Dhè. Bheil thu airson a cluinntinn?	mystery of God. Do you want to have a listen?
Balach/Nighean: Tha.	Boy/Girl: Yes.
Neach-naidheachd: Tha mi an dòchas gun do chuidich siud thu gu bhith a' tuigsinn beagan mun Dia sa bheil mi a' creidsinn. A bheil ceistean agad?	Reporter: I hope that's helped you to understand something about the God I believe in. Do you have any questions?
Balach/Nighean: Am bi sibh a' cur teagamh ann an Dia? Dè mu dheidhinn nuair a bhios droch rudan a' tachairt?	Boy/Girl: Do you ever doubt God? What about when bad things happen?
Neach-naidheachd: Tha m' earbsa ann an Dia, ach bidh teagamhan agus uallach air a h-uile duine, gu h-àraidh nuair a thèid rudan ceàrr dhuinn.	Reporter: I trust God, but all humans have doubts and worries, especially when things go wrong for us.
Balach/Nighean: Feumaidh gu bheil e doirbh dhuibh nuair nach fhaic agus nach cluinn sibh Dia.	Boy/Girl: It must be hard for you when you can't see God or hear him.
Neach-naidheachd: Bidh mi a' faireachdainn faisg air Dia nuair a bhios mi ag ùrnaigh. Tha e mar gu bheil E a' bruidhinn rium ann an dòigh.	Reporter: I feel close to God when I pray. That's like he's talking to me, in some ways.
Balach/Nighean: Air cuspair eile, a bheil sibh a' smaoineachadh gu bheil Dia fiadhaich mun truailleadh cheimigeach seo?	Boy/Girl: Right. To change the subject now, do you think God gets angry about this chemical pollution?
Neach-naidheachd: Nì daoine mearachdan. Tha na daoine a tha a' truailleadh na h-aibhne le ceimigean ga truailleadh, seach a bhith a' toirt an aire air cruthachadh Allah. Tha sin cinnteach.	Reporter: People make mistakes. The people who've put chemicals in the river are polluting it, and not looking after Allah's creation well, that's for sure.
Balach/Nighean: An ann airson sin a tha sibh an seo?	Boy/Girl: Is that why you're here?

Neach-naidheachd: Tha mi airson cuideachadh a' toirt an aire air na rinn Dia – an t-àite àlainn a tha seo.	Reporter: Yes, I want to help care for what God has made - this lovely place.
Balach/Nighean: Cha chreid mi nach e sin a bhios Iùdhaich agus Crìosdaidhean ag ràdh.	Boy/Girl: I think that's what the Jews and Christians say.
Neach-naidheachd: Tha ar creideamhan coltach ri chèile ann an cuid de dhòighean.	Reporter: Yes, in some ways our faiths are similar.
Balach/Nighean: Ach chan eil sa h-uile dòigh? Thoir dhomh eisimpleir de rud a tha eadar-dhealaichte.	Boy/Girl: Not in all ways, then? Give me an example of one thing that makes them different.
Neach-naidheachd: Tha Muslamaich a' creidsinn gun coinnich a h-uile duine ri Dia aig deireadh am beatha agus gum feum iad freagairt airson na rinn iad. Ma rinn sinn ceàrr, tha rud thugainn!	Reporter: Muslims believe that every person will have to face God at the end of his or her life and explain all their actions. If we've done wrong, we're in big trouble!
Balach/Nighean: Tha sin eadar-dhealaichte bho na bhios daoine eile ag ràdh.	Boy/Girl: That's different from what some other people say.
Neach-naidheachd: Dè tha thu a' ciallachadh?	Reporter: How do you mean?
Balach/Nighean: Uill, tha Crìosdaidhean a' creidsinn gun toir Dia mathanas dhaibh ma tha aithreachas dha-rìribh orra agus gun atharraich iad an dòighean.	Boy/Girl: Well, Christians believe that God will forgive them if they are truly sorry and change their ways.
Neach-naidheachd: Dè do bheachd-sa?	Reporter: What do you think?
Balach/Nighean: Feumaidh mi smaoineachadh mu dheidhinn!	Boy/Girl: I think I need to think about it!
Neach-naidheachd: Feumaidh! Agus cuimhnich gum bruidhinn thu ris a h-uile duine an seo fhad 's a tha an cothrom agad. An uair	Reporter: You do indeed! And don't forget to speak to everyone around here while you have the chance. Then after that,

sin inns do stiùiriche naidheachdan an
Tbh dè fhuair thu a-mach. 'S dòcha
gum faigh thu duais! Beannachd leat.

tell the TV news director what you
found out. You could get a reward!
Goodbye.

Bhidiothan / Dealbhan bheò

Fear a' Chamara: Ag innse carson a tha aon Chrìosdaidh a' creidsinn ann an Dia

Thogadh mi ann an teaghlach Crìosdail, ach nuair a dh'fhàs mi suas, cha robh mi a' faireachdainn gun robh mi ag aontachadh ris a h-uile càil a bha an creideamh ag ràdh.	I was brought up in a Christian family, but when I grew up I felt I couldn't agree with everything that the religion said.
Mar sin an dèidh a bhith a' lorg rudeigin eile, thuig mi gur ann a-mhàin tro Dhia a thèid daoine agus an saoghal a shàbhaladh. Chan urrainn do dhaoine rudan a chur ceart leotha fhèin. Feumaidh iad cuideachadh bho Dhia.	So, after searching around for something else, I realised that it is only through God that human beings and the world can be saved from themselves. Humans can't fix things all by themselves so they need God to help them.
Thuig mi seo le bhith a' leughadh a' Bhìobaill, a' dol dhan eaglais agus a' smaoinachadh mu chùisean mi fhèin. Thug sin orm mo bheatha a thoirt do Dhia agus a shlighe-san a leantainn.	It was realising this through reading the Bible, going to church and my own thinking, that made me commit myself to God and follow God's way.

Fear a' Chamara: Wangari Maathai

Choisinn Wangari Maathai Duais Sìth Nobel ann an dà mhìle sa ceithir airson a h-obair agus an àrainneachd a dhìon agus gus ceartas sòisealta a bhrosnachadh ann an Afraga.	Wangari Maathai won the Nobel Peace Prize in 2004 in recognition of her work to protect the environment and promote social justice in Africa.
Chuir i fhèin agus boireannaich air feadh Afraga còrr is trichead millean craobh.	She and women across Africa have planted over 30 million trees.
Tha i a' creidsinn ma tha thu a' sgrios na h-àrainneachd gu bheil thu a' sgrios cruthachadh Dhè, agus gu bheil Genesis a' sealltainn dhuinn saoghal le àrainneachd seasmhach a bu chòir dhuinn a dhìon.	She believes that to destroy the environment is to destroy God's creation, and that Genesis shows us an environmentally stable world which we should seek to protect.
Tha i ag ràdh gu bheil mòran dhe na duilgheadasan ann an Afraga mar thoradh air dìmeas dhaoine, seach a bhith na pheanas bho Dhia.	She says that many of the problems Africa faces are as a result of human neglect, rather than punishment by God.

An Luibh-eòlaiche: Sionagogan	
Seo dealbhan de shionagogan. Tha a' chiad dealbh de thaobh a-muigh sionagog.	These pictures show a couple of synagogues. The first picture is of the outside of the synagogue.
Chì sinn an uair sin taobh a-staigh sionagog eile. Ma choimheadas sinn gu dlùth, chì sinn na clàir os cionn na h-Àirce, far a bheil an Torah ga chumail.	We can then see the inside of another synagogue. If we look closely, we can see the tablets above the Ark, where the Torah is kept.
Tha na clàir a' samhachadh nan clàran cloiche air an robh na Deich Àithntean sgrìobhte a thugadh do Mhaois.	These tablets represent the tablets on which the Ten Commandments were written and given to Moses.
An Luibh-eòlaiche: Dealbh: Balach a' leughadh an Torah	
Seo dealbh de bhalach a' leughadh an Torah.	This is a picture of a boy reading the Torah.
An Luibh-eòlaiche: Bar Mitzvah	
Seo leabhar nan riaghailtean. Canaidh Iùdhaich an Sefer Torah ris. Chan e dìreach riaghailtean a th' ann – bidh e gan stiùireadh tro am beatha.	This is the rule book. Jewish people call it the Sefer Torah. It's more than just rules - it guides them through their lives.
Tha Rabbi Plancy a' cuideachadh a' bhalaich le bhith ag ullachadh airson latha sònraichte – am bar mitzvah aige. Tha sin a' ciallachadh 'mac nan àithntean'.	Rabbi Plancy is helping Jeremy to prepare for a special day - his bar mitzvah. That means 'son of the commandments'.
Air an latha sin feumaidh e sealltainn gu bheil e air fàs suas agus gu bheil e deiseil airson dèanamh mar a tha an Torah ag ràdh. Tha an Torah cho prìseil dha na h-Iùdhaich ri rìgh.	On that day he has to show that he is grown up and ready to do what the Torah says. The Torah is as special to Jewish people as a king.
Tha 5 leabhraichean san Torah; canar uaireannan 5 leabhraichean Mhaois riutha. Tha dàin, ùrnaighean agus eachdraidhean anns gach fear. 'S iad na leabhraichean	The Torah is made up of 5 books, which are sometimes called the 5 books of Moses. In each one there is a mixture of songs, prayers and

Genesis, Ecsodus, Lebhiticus, Leabhar nan Àireamh agus Deuteronomi.	stories. The books are Genesis; Exodus; Leviticus; Numbers, and Deuteronomy.
An Luibh-eòlaiche: Carson a tha Iùdhaich a' Creidsinn ann an Dia?	
Shema - Deuteronomi 6: 4-9: Èist, O Israeil: An Tighearna ar Dia-ne, is aon Tighearna e. Gràdhaich an Tighearna do Dhia le d' uile chridhe, agus le d' uile anam agus le d' uile neart. Tha na h-àithntean seo, a tha mi ag àithneadh dhut an-diugh ri bhith na do chridhe. Teagaisg iad dhan chloinn agad. Bruidhinn mun deidhinn nuair a shuidheas tu na do thaigh, nuair a bhios tu a' coiseachd an rathaid, nuair a laigheas tu agus nuair a dh'èireas tu. Ceangail iad mar chomharra air do làimh agus eadar do shùilean. Sgrìobh iad air ursainnean do thaighe, agus air do gheatachan.	Shema - Deuteronomy 6: 4-9 Hear, O Israel: The LORD our God, the LORD is one. Love the LORD your God with all your heart and with all your soul and with all your strength. These commandments that I give you today are to be upon your hearts. Impress them on your children. Talk about them when you sit at home and when you walk along the road, when you lie down and when you get up. Tie them as symbols on your hands and bind them on your foreheads. Write them on the doorframes of your houses and on your gates.
Thugadh an sgrìobtair (le facal no dhà air ùrachadh) bho: Bìoball: Leabhraichean an t-Seann Tiomnaidh agus An Tiomnaidh Nuaidh: © Comunn Bhìoball Dùthchail na h-Alba.	Scripture taken from the Holy Bible, TODAY'S NEW INTERNATIONAL VERSION® and NEW INTERNATIONAL VERSION® . Copyright © 1973, 1978, 1984 International Bible Society. All rights reserved throughout the world. Used by permission of International Bible Society.
An Neach-naidheachd: Earrannan bhon Qur'an	
Earrannan bhon Qur'an 2: 117 'Tùsair nan nèamhan agus na talmhainn, an uair a dh'àithneas e rud, chan eil aige ach "Bi ann" a ràdh agus tha e ann.'	Passages from the Qur'an 2:117 'The Originator of the heavens and the earth, when he commands a matter, he only needs to say to it "Be!" and it is.'
Tha coltas on seo gu bheil Allah uile-chumhachdach. Chan eil aige ach rud a ràdh agus tachraidh e.	This suggests that Allah is all-powerful. He only needs to say

	something for it to happen.
40:79 'Allah a rinn an crodh dhuibh airson 's gum faod sibh cuid a chleachdadh airson marcachd agus cuid airson biadh.' Tha coltas on seo gun deach beathaichean a dhèanamh airson 's gun cleachdadh daoine iad, agus sin a' gabhail a-steach airson biadh.	40:79 'It is Allah who made cattle for you that you may use some for riding and some for food.' This suggests that animals were made for human beings to use, including for food.
67: 2 'An tì a chruthaich bàs agus beatha airson gum feuch e cò agaibh as fheàrr ann an gnìomhan.' Tha coltas on seo gur adhbhar a' chruthachaidh Dia a bhith a' dèanamh deuchainn no measadh air daoine.	67:2 'He who created death and life that he may test you as to which of you is best in deed.' This suggests that the purpose of creation is a trial or test of humanity from God.
67: 3 'Chan fhaic thu càil neo-chunbhalach ann an cruthachadh an tì as tròcairiche. Tha coltas on seo gu bheil daoine a' milleadh na h-àrainneachd iad fhèin.	67:3 'You do not see in the creation of the Most Merciful any inconsistency.' This suggests that human beings are damaging the environment by their own hands.
An Neach-naidheachd: Mosgan	
Mosgan Seo dealbhan de mhosgan. Bidh Muslamaich a' coinneachadh, ag ionnsachadh agus ag ùrnaigh còmhla ann am mosgan.	Mosques Here are some pictures of mosques. Mosques are the buildings in which Muslims meet each other, learn together and pray.
An Neach-naidheachd: Teaghlach Muslamach à Glaschu (1)	
Halò, is mise Ameer. Halò, is mise Nailah. Halò, is mise Ameen. Is mise Raisah! 'S e teaghlach Muslamach à Glaschu a th' annainn.	Hello, my name is Ameer. Hello, my name is Nailah. Hello, my name is Ameen. I'm Raisah! We're a family of Muslims and we live in Glasgow.

Tha coltas cho fillte air na beathaichean agus air na lusan.	The animals and plants seem to be so complicated.
Co às a tha a h-uile càil a' tighinn? 'S e Muslamaich a th' annainne agus tha sinn a' creidsinn gun do chruthaich Dia a h-uile càil mu chuairt oirnn. 'S e Allah am facal Muslamach airson Dia.	Where does it all come from? We're Muslims and we believe God created everything around us. And the Muslim word for God is Allah.
An Neach-naidheachd: Teaghlach Muslamach à Glaschu (2)	
Chruthaich Allah na craobhan.	Allah created the trees.
Agus chruthaich Allah na beathaichean agus na daoine, sinne cuideachd.	And Allah created all the animals and people, including us.
Agus chruthaich Allah aibhnichean, iasg agus a h-uile càil eile.	And Allah created the rivers and the fish and everything else.
Mar sin tha ainmean brèagha againn airson Allah, mar an cruithear. Tha Muslamaich a' creidsinn nach e a-mhàin rudan a chì thu agus san suath thu a chruthaich Allah. Tha sinn a' creidsinn gun urrainn dha rud sam bith a dhèanamh, agus ar cumail sàbhailte.	So we give Allah lots of beautiful names like Allah the creator. Muslims believe that Allah did not just create things, you know, things you can touch and see. We believe he can do anything and everything. And he keeps us safe.
An Neach-naidheachd: Teaghlach Muslamach à Glaschu (3)	
Tha e gar treòrachadh air ar slighe.	And he guides us on our way.
Tha e gar cumail sìtheil.	And he keeps us peaceful.
Tha Allah a' faicinn a h-uile càil.	And Allah sees everything.
An Neach-naidheachd: A' feuchainn ri Allah a thuigsinn	
Mar sin tha Muslamaich a' creidsinn gu bheil Dia, Allah, timcheall oirnn sa h-uile	So Muslims believe that God, Allah is all around us. He's greater than

àite. Tha e nas iongantaiche na thuigeas daoine. Tha e cho mìorbhaileach 's nach tuig duine sin.	anything people can imagine. And he is so magnificent that no one person can understand everything about him.
Aon latha, chaidh ceathrar charaidean a-mach cuairt. Choisich iad mìltean thar mhìltean, gus an deach iad air chall. Bha i a' fàs dorch.	One day, four friends went out for a walk. They walked for miles and miles and miles, until they got lost. It was getting dark.
Ach, gu fortanach, bha toirdsichean aca. Bha dùil aca gun robh iad ann am meadhan achadh mòr, nuair a bhuail cuideigin dhiubh ann an rudeigin.	But, by a stroke of luck, they had torches. They thought they were in the middle of a large field, when suddenly one of them bumped into something.
Thuirt e, 'Aha! Lorg mi stoc mòr craoibhe. Fairichidh mi an rùsg garbh. Feumaidh gu bheil sinn ann an coille.'	He said, 'Aha! I've found a large tree trunk. I can feel the rough bark, we must have reached a forest'.
Ach an uair sin thuirt cuideigin, 'Chan e craobh a th' ann. Tha e caol, fada agus tha e a' gluasad. Feumaidh gur e nathair a th' ann!'	But then another one said, 'No! It's not a tree, it's long and thin and it's moving. It must be a snake!'.
'Chan e!' thuirt an treas duine. 'Tha e mòr, còmhnaidh. Feumaidh gur e balla a th' ann. Tha sinn ann am baile'.	'Rubbish!' Said the third. 'It's nothing like that. It's enormous and flat. It must be a big wall. We're in a town'.
Ach thuirt am fear mu dheireadh, 'Tha sibh uile ceàrr! Tha e tana agus a' crathadh rudeigin. Thoir an aire! Feumaidh gur e eun mòr, uabhasach a th' ann'.	But the last one said, 'You're all wrong! It's thin and it's flapping around like a wing. Look out! It must be a giant bird'.
Nuair a thòisich iad ag argamaid, dh'èirich a' ghealach. Bha iad uile air a bhith a' coimhead air an aon rud. Ailbhean!	Just as they all started to argue about what it was, the moon came out from behind a cloud. Of course, they had all been looking at the same thing. An elephant!
Bha a chasan coltach ri craobhan, a shròin mar nathair, bha a' chliathaich coltach ri balla, agus bha a' chluas mar eun. Ach chan fhaca duine ach aon phìos beag.	His legs looked like trees, the trunks like a snake, the side was big enough to be a wall, and the ear could have been a bird. But each one of them could only see a small bit.
Cha b' urrainn duine an rud gu lèir a	So none of them could understand

thuigsinn. Mar sin tha Muslamaich a' creidsinn gu bheil e gu tur do-dhèante a h-uile càil a thuigsinn mu Allah.	the whole thing. And so Muslims believe it's impossible, completely impossible, to understand everything about Allah.
Sin as coireach gu bheil tòrr ainmean brèagha aca airson feuchainn ri thuigsinn.	That's why they use lots of beautiful names to try and understand him.
An Neach-naidheachd: Am Fàidh Muhammad	
Am Fàidh Muhammad (sìth gun robh dha) Thaisbean Dia e fhèin dhan chinne-daonna tro iomadh fàidh agus b' e Muhammad, sìth gun robh dha, am fear mu dheireadh. Rugadh e ann am Makkah ann an còig ceud is seachdad.	The Prophet Muhammad (peace be upon him) God revealed himself to humankind through many prophets and Muhammad (pbuh) was the final one. He was born in Makkah in 570.
Aon oidhche, nuair a bha am Fàidh ceathrad, bha e a' beachd-smuaineachadh ann an uamh air beinn. Thàinig an t-aingeal, Jibril, thuige, agus thug e dha faclan bho Dhia, a dh'fheumadh e innse.	One night, when the Prophet was 40, he was meditating in a cave in a mountain. The angel Jibril came to visit him, and gave him some words from God, which he must proclaim.
Fad iomadh bliadhna an dèidh sin, fhuair Muhammad, sìth gun robh dha, iomadh taisbeanadh bho Dia san aon dòigh. Chaidh a h-uile càil a sgrìobhadh airson an Qur'an a dhèanamh.	For many years after this, Muhammad (pbuh) received revelations from God in the same way. Everything he said was written down to form the Qur'an.
Thòisich Muhammad, sìth gun robh dha, a' teagasg na thuirt Dia agus thòisich iomadh duine ga leantainn.	Muhammad (pbuh) began to preach what God had said and gathered many followers.
Chaidh geur-leanmhainn a dhèanamh air Muhammad, sìth gun robh dha, agus a luchd-leantainn ann am Makkah, agus b' fheudar dhaibh siubhal gu al-Madinah. Ach an taobh a-staigh deich bliadhna, bha uimhir de luchd-leantainn aig an Fhàidh agus gun do thill e agus thug e buaidh air Makkah.	Muhammad (pbuh) and his followers were persecuted in Makkah, and were forced to leave and travel to al-Madinah. However, within 10 years, the Prophet had so many followers that he was able to return and conquer Makkah.
On uair sin, tha Muslamaich air gabhail ris mar Fàidh deireannach Dhè, agus bidh	He has since been accepted by Muslims as the final Prophet of God,

Muslamaich ag ràdh, 'Chan eil Dia ann ach Allah, agus 's e Muhammad a theachdaire.

and Muslims say that 'there is no God but Allah and Muhammad is his messenger'.



© 2012

bbc.co.uk/foghlam